

## BÒRD NA GÀIDHLIG

**Geàrr-chunntas coinneimh:**  
**Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**  
**Dimàirt 07/07/2021 11.15-12.00**  
**Air loidhne - MS Teams**

**Buill Bùird an Làthair:**

Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]  
 Johan Nic a Ghobhainn [JNG]  
 Dòmhnall MacAoidh (DMA)

**A' frithealadh:**

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean  
 Coimhearsnachd [DB]  
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW]  
 Carol Niclain, A' Clàradh a' Gheàrr-chunntais [CN]  
 Morag Anna NicLeòid, A' Clàradh a' Gheàrr-chunntais [MAN]

**1.0 CUISEAN TÒISICHIDH****1.1 Fàilte is Leisgeulan**

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine dhan choinneimh is air luchd-amharc na coinneimh-bheò.

Bha leisgeul ann bho Shona NicIlinnein, an Ceannard

**1.2 A' nochdadh chom-pàirtean**

Cha robh nochdadh chom-pàirtean rin clàradh

**2.0 PLANAICHEAN GÀIDHLIG****2.1 PGR018 E01 Comhairle Lodainn an Iar – 1d Eagran**

Dh'aithris DB air a' Phlana is ullachadh chun na h-ìre seo.

Rinn pannal nam planaichean sgrùdadh mionaideach air an dreach phlana sa Mhàirt 2021 agus mhol iad atharrachaidhean. Às dèidh na molaidhean seo a chur dhan Chomhairle, leig iad fios do Bhòrd na Gàidhlig air 07 Cèitean 2021 nach b' urrainn dhaibh a dhol leis na molaidhean air fad leis gun robh còmhraidhean a bharrachd a dhìth taobh a-staigh na Comhairle, gu sònraichte co-cheangailte ri ionmhas.

Ged a tha àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre nas ìsle na an cuibheas nàiseanta, tha fàs air a bhith ann sna beagan bliadhnaichean mu dheireadh. Cuideachd, tha àireamh bheag de sgoilearan bhon sgìre a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Leis gu bheil sgoiltean ann an Dùn Èideann gu bhith làn a dh'aithghearr, tha e cudromach gum bi fuasglaidhean ann taobh a-muigh Dhùn Èideann cuideachd.

Nochd còrr is 400 luchd-obrach ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig tron t-suirbhidh luchd-obrach. Chaidh deasbadan gu math eadar sgioba Bòrd na Gàidhlig is Oifigearan na Comhairle.

**Minutes of the meeting of:**  
**Policy & Resource Committee**  
**Tuesday 07/07 /2021 11.15-12.00**  
**Online – MS Teams**

**Board Members Present:**

Donald MacLeod (Chair) [DML]  
 Johan Smith [JS]  
 Donald MacKay (DMK)

**In attendance:**

David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]  
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW]  
 Carol Johnson, Recording the Minutes [CJ]  
 Morag Ann MacLeod, Recording the Minutes [MAM]

**OPENING TIMES****Welcome & Apologies**

The Chair welcomed everyone to the meeting and those also watching live.

There were apologies to record from the Ceannard Shona MacLennan.

**Declarations of Interest**

There were no Declarations of Interest

**GAELIC LANGUAGE PLANS****PGR018 E01 West Lothian Council**

DB spoke about the Plan and its preparation to date.

The draft plan was scrutinised by the plans panel in March 2021 and modifications were proposed. When these were shared with the Council, they intimated to Bòrd na Gàidhlig on May 7th 2021 that they could not agree to all proposed modifications as further discussions would have to take place within the Council, particularly in relation to finance.

It was noted that although level of Gaelic speakers in the area was below the national average, numbers had grown in recent years. Also, a small number of pupils from the area attend Gaelic Medium Education in Edinburgh. With provision in Edinburgh reaching capacity, solutions outwith the city would be needed.

Through a Staff Survey a large number of 400 have expressed an interest in learning Gaelic. Discussions progressed well between the Bòrd na Gàidhlig team and the Council's officers.

Bha JNG air a phannal a rinn sgrùdadh air a phlana seo is tha i air a dhol tro na puingeann rin togail gu mionaideach.

JS has served on the panel that has evaluated this plan and had gone through the points to be raised, in detail.

Thog DMA a' cheist am bu chòir plana tuiteamais a bhith ann air eagal 's gum fàs foghlam Gàidhlig làn ann an Dùn Èideann. Dh'aontaich DB is tha e mothachail air an t-suidheachadh. Leig SW fios gu bheil e math gu bheil an t-Ùghdarras Ionadail a' beachdachadh air an t-suidheachadh cuideachd is gu bheil e gu bhith a' cur plana air dòigh a bhios ag obair gu gnìomhach air cothroman is ceanglaichean ùra.

DMK raised the question of should Edinburgh be at full capacity that there should be a contingency plan. DB agreed and is aware of the situation. JW pointed out that it is good that the Local Authority are reflective with regard to the situation and that a plan is being initiated to actively work on new opportunities and connections.

Thug JNG stiùireadh seachad air grunn phuingeann co-cheangailte ri cruth, fòrmat agus cunbhalachd briathrachas, acraimean agus clàran-ama. Chaidh iarraidh air oifigearan na h-atharraichean seo a thoirt gu aire na Comhairle. Chaidh toirt fa-near gun robh na cùisean seo cudromach a chionn 's gur e sgrìobhainnean reachdail a th' ann am planaichean Gàidhlig.

JS provided guidance on a number of areas relating to the layout, format and consistency of terminology, acronyms and timescales. Officers were requested to bring these to the attention of the Council. It was noted that these matters are important in light of the fact that Gaelic language plans are statutory documents.

Chaidh soilleireachd iarraidh air an ìre de sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach an Ùghdarras agus air ciamar a rachadh taic fòin a thoirt seachad agus thèid seo a togail leis an Ùghdarras.

Clarity was sought on the level of Gaelic skills amongst the Authority's staff and how telephone support would be provided and this would be raised with the Authority.

Thug an Cathraiche taing is moladh do sgiobaidhean na Comhairle agus a' Bhùird, airson na deagh obrach a chaidh a dhèanamh airson am plana seo a tharraing ri chèile.

The Chair thanked and praised the teams at the Council and Bòrd na Gàidhlig, for the good work that has been done to bring this plan together.

#### Co-dhùnadh:

**DH'AONTAICH** Buill ri Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Iar, leis an tuigse gun tèid dèiligeadh ris na puingeann a chaidh a thogail.

#### Decision:

Members **AGREED** the West Lothian Council Gaelic Language Plan with the understanding that the points raised would be addressed.

### DÙNADH NA COINNEAMH

### CLOSING THE MEETING

3.0

Thug an Cathraiche taing dhan h-uile duine airson na chuir iad ris a' choinneimh agus airson an ullachaidh.

The Chair thanked all for their contribution to and preparation for the meeting.

Dhùin a' choinneamh aig 11.47

The meeting closed at 11.47

Ceann-latha airson na h-ath choinneimh: 01/09/2021

Date for the next meetings: 01/09/2021